






Ar Facail Cànan sa Phàrlamaid 1

The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

Le Acadamaidh na Bruaich agus Magic Torch Comics





An Aithisg Oifigeil

'S e an Aithisg Oifigeil clàr oifigeil sgrìobhte nan gnothaichean ann am Pàrlamaid na h-Alba.

'S e "aithris gu ìre mhòr facal air an fhacal" a th' innti de na chaidh a ràdh aig a h-uile làn choinneimh



den Phàrlamaid agus aig coinneamhan poblach de chomataidhean na Pàrlamaid, agus tha i air a deasachadh le sgioba na h-Aithisg Oifigeil.

...mar a tha Comann Rìoghail airson Casg na Cloinne a' moladh.....

Tha "gu ìre mhòr facal air an fhacal" a' ciallachadh gum bi ath-aithrisean agus ath-bhriathrachas agus mearachdan follaiseach air an cur ceart.

Tha luchd-obrach a' cleachdadhar am breithneachadh mar dheasaichean airson faclan a tha air an labhairt a chur ann an dreach sgrìobhte, a' cumail ris an rud a bha am BPA a' feuchainn ri ràdh.



...mar a tha Comann Rìoghail airson Dìon na Cloinne a' moladh.....

Tha sgioba na h-Aithisg Oifigeil ag obair ann an seòmar am broinn an t-seòmair deasbaid, le sgioba de dhaoine ag èisteachd agus a' clàradh fad an t-seisein.



Tha an luchd-clàraidh ag atharrachadh a h-uile ceithir mionaidean airson dèanamh cinnteach gum bi fòcas aca agus nach dèan iad mearachdan.

Aon uair agus gum bi gnothaichean na pàrlamaid seachad, bidh an neach-aithris aig an Aithisg Oifigeil a' tilleadh chun na h-oifis aca airson an stuth a dheasachadh.



Ma tha BPA a' bruidhinn ann am Beurla no Scots nochdaidh an òraid aca dìreach mar a labhair iad i.



Peadar
Chapman BPA

I was born and bred and brocht up in a sma Buchan ferm in the 1950s. Aa that I heard until went tae the skweel wis the Doric. Aabodie aboot there spoke the Doric.

But Scots wull nae be shoved intae the linguistic midden. It is no only haudin furrit, it is makkin its way back up tae where it should be.



Seonag NicAilpein BPA

Ma bhruidhneas BPA ann an Gàidhlig, nochdaidh a' Ghàidhlig an toiseach agus an t-eadar-theangachadh Beurla an dèidh sin:

Tha Alba taiceil ris a' Ghàidhlig, ri Albais agus ri saoghal far a bheil daoine fosgalite dhan a h-uile cànan agus a h-uile cultar a th' ann.




An Dr. Alasdair
Allan BPA.

Tha Alba taiceil ris a' Ghàidhlig, ri Albais agus ri saoghal far a bheil daoine fosgalite dhan a h-uile cànan agus a h-uile cultar a th' ann.




Tha cànainean eile, BSL nam measg, air an taisbeanadh ann am Beurla le nota ag innse dè an cànan anns an robh an òraid bho thùs.



Ghabh Humza Yousaf (Glaschu Pollaig) (SNP) a bhòid dhìlseachd agus thuirt e a-rithist i ann an Urdu.



Tha na h-Aithisgean Oifigeil airson làn choinneamhan den Phàrlamaid rim faotainn trì uairean a thìde an dèidh crìoch na coinneimh.



Ubs, bha mi à ciallachadh 90% seach 19! Taing

Fiù 's an dèidh am foillseachadh tha na h-aithisgean air an sgrùdadh airson an càileachd a dhearbhadh ... agus air son dèanamh cinnteach gu bheil iad ceart.



Airson aithisgean oifigeil Pàrlamaid na h-Alba a leughadh, dèan sgan air còd QR le fòn no tablaid.

www.facebook.com/scottishparliament
@scotparl
www.parliament.scot
0131 348 5000